

Cùmhnant Fàs nan Eilean

**OUR ISLANDS
OUR DEAL** 

Aonta Teirmean Rùintean



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot



**UK
Government**



ORKNEY
ISLANDS COUNCIL



COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR



Shetland
Islands Council

Le bhith a' cur ur n-ainm ris an sgrìobhainn seo tha sinn a' daingneachadh ar co-dhealas ri làn bhuileachadh air Cùmhnant Fàs nan Eilean.



Mr Michael Matheson MSP

Cabinet Secretary for
Transport, Infrastructure and
Connectivity
Scottish Government



Mr Iain Stewart MP

Parliamentary Under Secretary
of State for Scotland
UK Government




Cllr James Stockan

Leader, Orkney Islands Council



Cllr Roddie Mackay

Leader, Comhairle nan Eilean Siar



Cllr Steven Coutts

Leader, Shetland Islands Council

GEÀRR-CHUNNTAS GNÌOMHA

1. Chaidh Cùmhnant Fàs nan Eilean a leasachadh le Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle Eileanan Arcaibh agus Comhairle Eileanan Shealltainn còmhla ri an luchd-compàirt ann an roinnean poblach, foghlam, gnothachas agus coimhearsnachd. Tha e ag amas air cothrom a ghabhail gu so-mhaoin shònraichte nan eilean a chleachdadh ann a bhith a' stèidheachadh gnìomhachasan ùr-ghnàthach aig àrd inbhe thar na cruinne a' coimhead ri freagairtean fhaighinn mu choinneamh mòr-dhùbhlannan sluaigh nan eilean agus gu neartachadh an tabhartas sònraichte agus cudromach a tha na h-eileanan a cur ri beothalachd eaconamach agus inbhe eadar-nàiseanta Alba agus an Rìoghachd Aonaichte.
2. `S iad na trì Comhairlean Eileanan an fheadhainn as lugha an Alba le timcheall air sluagh de 72,000 eadar iad (1.3% de shluagh na h-Alba) le na coimhearsnachdan as iomallaich bho na meadhanan sluaigh as motha an Alba agus an Rìoghachd Aonaichte. A dh'aindeoin meud is iomallachd, tha inbhe nan eilean a' dol thar na cruinne, gu cunbhalach aig bàrr liostaichean eadar-nàiseanta mar na h-àiteachan as fheàrr airson tadhal. `S mòr na tha na h-eileanan a cur ris an eaconamaidh, suas ri 50% de thuathanas-èisg na h-Alba GVA, 30% de dh'iasg mara na h-Alba GVA, agus tha iad a' làimhseachadh 13% den ola agus gas a' tighinn à uisgeachan an Rìoghachd Aonaichte. Le 47% de dh'oighreachd mara na h-Alba agus 40% den chosta na h-eileanan ann an suidheachadh sònraichte airson cothrom a ghabhail air an eaconamaidh gorm leithid luths ath-nuadhachail gaoithe, luths na mara, àrachas-èisg seasmhach agus bith-theicneòlas mara. Tha iad cuideachd a' cur gu mòr ri dualchas cultural, eachdraidheil agus nàdarra na h-Alba agus an Rìoghachd Aonaichte agus air an aithneachadh mar chinn-uidhe turasachd aig sàr àrd-inbhe.
3. Tha na so-mhaoin shònraichte eileanach seo mar bhun-stèidh do Chùmhnant Fàs nan Eilean, air a dhealbh gus am bi na h-eileanan aig bàrr an atharrachaidh gu neo-nì eimisean, a' neartachadh na roinnean gnìomhachais gnàthaichte agus gu gnìomhachasan ùra a leasachadh san àm ri teachd. Tha na leanas mar eisimpleir air na choileanar le na pròiseactan anns a' chùmhnant:
 - sealltainn mar a thèid coinneachadh ri targaidean neo-nì eimisean an Riaghaltais agus a gu bhith air thoiseach ann a bhith ga choileanadh;
 - stèidheachadh bun-structar port ùr le buaidh eadar-nàiseanta aig am bi dleastanas sònraichte a thaobh taic do dh'Alba agus an Rìoghachd Aonaichte ann a bhith a' coileanadh targaidean neo-nì eimisean;
 - neartachadh àite nan eilean mar "obair-lannan beò" airson ùr-ghnathas ann an teicneòlas gualan ìosal, rannsachadh soirbheas agus saothrachadh seasmhach bidhe ann an compàirt le oilthighean agus institiudan rannsachaidh;
 - taisbeanadh sàr àrainneachd nàdarra nan eilean, an dualchas, an cultar agus an obair chruthachaidh dhan t-saoghal mhòr; agus
 - stèidheachadh bunait airson buadh le fòcas air ùr-ghnathas an dèidh mòr-ghalar COVID-19 agus taic do dh'fhàs in-ghabhail thar choimhearsnachdan nan eilean.
4. Tha dùbhlain agus cothroman sònraichte mu choinneamh na trì buidhnean eileanach an Arcaibh, Innse Gall agus Sealltainn, agus tro Chùmhnant Fàs nan Eilean thatar a coimhead ri stòrasan a thoirt còmhla, roinneadh air cothrom air an eòlas as fheàrr air cuspairean agus a' neartachadh comasan ionadail.

5. Ann am prògram Cùmhnant Fàs nan Eilean tha trì tagraidhean co-eileanach le fòcas air obair ùr-ghnàthach ann an cùisean teicneòlas gualan ìosal; gnìomhachasan cruthachaidh agus soirbheas, agus sgilean agus tàladh thàlant. Bidh na pròiseactan sin gnìomhail anns na trì buidhnean eileanach a' libhrigeadh buannachdan thar gach coimhearsnachd. Tha uallach air gach buidheann eileanach airson aon de na co-phrògraman, a' daingneachadh compàirteachas làidir stèidhichte anns na eileanan eadar gnothachasan, buidhnean foghlaim is rannsachaidh, buidhnean poblach agus coimhearsnachdan ionadail.
6. Tha eachdraidh agus dealas ann a thaobh co-obrachadh eadar eileanan agus co-oidhirpean, ach tha cuideachd eadar-dhealachadh sònraichte eadar gach buidheann eileanan agus Cùmhnant Fàs nan Eilean a' gabhail a-steach grunnan phròiseactan ag amas air na buidhnean eileanach fa leth le fòcas air cothroman ionadail agus prìomhachasan coimhearsnachd. Ged a bhios in-thasgaidh na pròiseact air a libhrigeadh gu h-ionadail, bidh mòran de pròiseactan sin a' toirt builean agus ionnsachadh a chum buannachd na h-eileanan air fad agus bidh luchd com-pàirt a sireadh an luach seo a mheudachadh rè teirm a' chùmhnant.
7. Tha an Aonta Teirmean Rùintean a' daingneachadh gun co-obrachaidh Riaghaltas na h-Alba agus an Rìoghachd Aonaichte le na trì Comhairlean Eileanan agus an luchd com-pàirt gu Cùmhnant Fàs a libhrigeadh a bhios a' toirt mòr-phiseach air na h-eaconamaidhean aca. Cuiridh Riaghaltas na h-Alba in-thasgadh suas ri £50 millean thairis air 10 bliadhna, agus cuiridh Riaghaltas an Rìoghachd Aonaichte, an urra ri aonta air làn chùisean gnothachais airson gach pròiseact mar a tha mìnichte sa phàipear seo.
8. Tha pròiseactan Cùmhnant Fàs nan Eilean a' faighinn taic bho raon farsaing de luchd com-pàirt thar roinnean poblach, prìobhaideach agus foghlaim, còmhla a' tarraing in-thasgaidh de £235 millean eile ann a bhith a' libhrigeadh nam pròiseactan. Tha an co-ionmhais an urra ri làn chùisean gnothachais a leasachadh. Bidh na tairgsean ann an loidhne le co-phrìomhachasan Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas an Rìoghachd Aonaichte leithid lùth neo-ni eimisean agus ùr-ghnàthas bun-structair, turasachd, sgilean, gnìomhachasan cruthachail, biadh is deoch, tuathanas-uisge agus taigheadas. Fàgaidh seo gum bi luach £335 millean anns a' Chùmhnant agus thatar den bheachd gun cruthaich seo còrr air 1,300 obair sheasmhach thar na trì buidhnean eileanach.

NA DEALASAN

A' stiùireadh an t-slighe gu Gualan Ìosal san Àm ri teachd

9. `S e rùn nan eilean a bhith air thoiseach san Rìoghachd Aonaichte ann an bhith a' coileanadh targaidean neo-ni eimisean gualan, gu bhith air an aithneachadh mar chinn-iùil cruinne a thaobh leasachadh agus gabhail ri teicneòlas agus pròiseasan co-cheangailte ris an atharrachaidh seo agus gu gnothachas soirbheachail gualan ìosal agus ionadan rannsachaidh a reic bathar, seirbheisean agus eòlas a libhrigeadh air feadh an t-saoghail.
10. Tha na trì buidhnean eileanach mar thà air foillseachadh obair ùr-ghnàthach gualan ìosal agus tha iad air thoiseach le sealbh coimhearsnachd air so-mhaoin lùth ath-nuadhachail. Tha cliù eadar-nàiseanta aig Arcaibh mar mheadhan airson lùth ùr-ghnàthach gualan aig ìre neo-ni le taic bho Ionad Lùth Mara Eòrpach ann an Stromness agus grunnan làidir le eòlaichean gnothachais ionadail. Tha cuideachd companaidhean co-cheangailte ri ola agus gas stèidhichte ann an Arcaibh is Sealltainn le luchd-obrach sgileil bho na trì buidhnean eileanach a bhios comasach air taic a chumail ri eaconamaidh a tha leudachadh, stèidhichte air lùth ath-nuadhachail. Le bhith a' coileanadh na planaichean mar a tha mìnichte ann an Cùmhnant Fàs nan Eilean bidh na trì buidhnean eileanach a' gluasad air adhart an comas gu solaradh mòr-phàirt de dh'fheumalachd lùth na h-Alba agus an Rìoghachd Aonaichte san àm ri teachd.
11. Togaidh Cùmhnant Fàs nan Eilean air a' bhun-stèidh làidir seo le bhith a' libhrigeadh prògram in-thasgaidh thar còig pròiseactan air an dealbh gus an atharrachadh gu neo-ni eimisean anns na h-eileanan a thoirt air adhart nas luaithe. Gheibh na pròiseactan seo taic le in-thasgadh suas gu £27.5 millean bho Riaghaltas an Rìoghachd Aonaichte, agus suas gu £16 million bho Riaghaltas na h-Alba, agus £149 millean a bharrachd bho na com-pàirtichean iomchaidh air na pròiseactan.
12. Aig cridhe a' phrògram tha stèidheachadh co-phròiseact **Ionad nan Eilean airson Neo-ni Eimisean** project, a' cumail taic ri atharrachadh lùth airson na trì buidhnean eileanach. Bidh pròiseact Ionad nan Eilean airson Neo-ni Eimisean a' coimhead ri feumalachd bun-atharrachaidh air mar a tha sinn a' coimhead ri atharrachadh lùth. Tha ionadan eile air feadh an t-saoghail ag obair air teicneòlas lùth glan, ach bidh an Ionad nan Eilean airson Neo-ni Eimisean ag obair bhon bhun le coimhearsnachdan agus gnothachasan ionadail, a' toirt cothruim do na h-eileanan an slighe a dhèanamh gu neo-ghualanachd a ruighinn:
- Lughdachadh eimiseanan gualan deich às a' chiad gach bliadhna airson na trì buidhnean eileanach thar na deich bliadhna tha romhainn.
 - Obraichean "uaine" seasmhach anns na h-eileanan do 300 neach. In-thasgadh Cùmhnant Fàs nan Eilean a' toirt an ochdamh cuid de bhuidhe san fhad-ùine tro co-mhaoineachadh agus sruthan ionmhais ùr.
 - Luach sònraichte a bharrachd do phròiseactan gualan ìosal agus cuibhreannan eile den Cùmhnant, a' toirt neo-ghualanachd gu bith thairis a' phrògram iomlan.

13. Gheibh pròiseact Ionad nan Eilean airson Neo-ni Eimisean taic le co-mhaoineachadh de £16.5 millean bho Riaghaltas an Rìoghachd Aonaichte agus Riaghaltas na h-Alba (RRA £16 millean/RnA £0.5 millean).
14. Tha **Pròiseact Lùth Ghlan Shealltainn** a mìneachadh rùintean shònraichte Shealltainn gu atharrachadh cleachdadh lùth agus a tomhais gur e giullachd hàidhdreaidean uaine an t-slighe roghnaichte airson targaidean neo-ni eimisean a choileanadh. Tha Sealltainn suidhichte anns an roinn mara as gaothaich san Rìoghachd Aonaichte agus le bhith a' cleachdadh stòras gaoithe airson hàidhdreaidean uaine a dhèanamh gheibhear connadh glan, thèid gualan a lughdachadh gu mòr agus bidh cothroman ann airson leasachadh gnothachais agus cosnaidhean stèidhichte anns na h-eileanan.
15. Gheibh Pròiseact Lùth Ghlan Shealltainn taic le in-thasgadh suas gu £5 millean mar phàirt de mhaoineachadh pròiseact Ionad nan Eilean airson Neo-ni Eimisean.
16. Bidh connadh glan airson bàtaichean mar fheumalachd sònraichte ann a bhith a' coinneachadh ri targaidean neo-ni eimisean aig Riaghaltas an Rìoghachd Aonaichte ann an 2050, agus Rìoghachd na h-Alba ann an 2045. Anns an aithghearrachd tha feum air connadh glan a leigeas le luingeis coinneachadh ri na riaghailtean eimisean stèidhichte le Buidheann Mara Eadar-nàiseanta (IMO). Tha pròiseact **So-mhaoin Ro-innleachdach Scapa Flow** a' toirt air adhart an dà amas sin a thuilleadh air iomadachadh agus neartachadh an eaconamaidh ionadail agus na bhios fa-near do Chalaidhean Arcaibh san àm ri teachd.
17. Tàlaidh am pròiseact seo in-thasgadh a' daingneachadh Scapa Flow, an caladh uisge domhainn nàdarra as motha san Roinn Eòrpa, mar an làrach agus slighe as freagarraich san Rìoghachd Aonaichte airson gluasad lùth agus di-ghualanachadh: ionad eadar-nàiseanta airson obraichean soitheach-gu-soitheach; ullachadh seirbheisean taic uisgeachan mara domhainn airson tuathan-gaoithe far a' chosta; ionad dhan Rìoghachd Aonaichte airson stòradh, solair agus ath-chonnachadh connadh gualan ìosal no neo-ni; slighe mara an Rìoghachd Aonaichte chun Artaig; agus a leudachadh Ceann-uidhe Ola Flotta bho bhith an urra ri gualan àrd gu sàr ionad cruinne airson rannsachadh agus leasachadh teicneòlas connadh gualan ìosal no neo-ni.
18. Gheibh pròiseact So-mhaoin Ro-innleachdail Scapa Flow taic le in-thasgadh suas gu £6.5 millean bho Riaghaltas na h-Alba.
19. Tha an rianachd gaoithe as làidire agus as cunbhalaich anns na h-Eileanan an Iar le fìor chomas cuir ri targaidean di-ghualanachadh an Rìoghachd Aonaichte. **Tha Ionad Lùth Innse Gall** a togail air an stòras dùbhlach seo le bhith a' stèidheachadh am bun-structair deatamach a chumas taic ri solair Hàidhdreaidean Uaine bho lùth ath-nuadhachail (Gaoth Air-tìr agus Far a' Chosta). Bidh an Ionad Lùth stèidhichte timcheall air Ceann-uidhe Ùr £50 millean Uisge Domhainn aig Ùghdarras Port Steòrnabhaigh agus, anns a' chiad àite, a' solarachadh Hàidhdreaidean Uaine airson 100% atharrachadh air 1,400 luchd-cleachdaidh SGN, air lìonra Gas Meadhan Steòrnabhaigh bho propane gu hàidhdreaidean. Thèid am pròiseact Pathfinder seo a leasachadh gu bhith air ath-bhuileachadh ann an ionadan siridh Hàidhdreaidean air feadh an Rìoghachd. Gabhaidh saothair Hàidhdreaidean aig an Ionad Lùth atharrachadh gu cothrom a thoirt hàidhdreaidean

às-bhathar air muir gu margaidhean sònraichte Eòrpach le chuir gu amòinia no methanol ann an canastairean no air loidhne phìob gu nam meadhanan iarrtais air costa an iar tìr-mor na h-Alba. Bidh an Ionad Lùth cuideachd a' toirt cothruim di-ghualanachadh ann am pàirt air stòr connadh lionnach an eilein agus ath-shuidheachadh bho mheadhan baile Steòrnabhaigh chun Ionad Lùth.

20. Gheibh pròiseact Lùth Innse Gall taic le in-thasgadh suas gu £11 millean bho Riaghaltas an Rìoghachd Aonaichte.

21. Mar a thòisicheas an saoghal a' gluasad air falbh bho eaconamaidh stèidhichte air connadh fosail, feumar dòigh sàbhailte, seasmhach a' lorg air làraich ola is gas air nach eil feum a tharraing à seirbheis. Bho thoiseach na 2000, tha pròiseactan di-choimiseanadh air a bhith a' dol ann an Sealltainn agus tha cliù làidir aca san roinn sin. A dh'aindeoin sin, tha an doimhneachd uisge gnàthaichte aig Dales Voe, agus gach port eile san Rìoghachd Aonaichte a' cuingealachadh comais farpais airson di-choimiseanadh na làraich as motha. Meudaichidh port uisge domhainn an cothrom tuilleadh obrach fhaighinn le di-choimiseanadh agus le leasachadh roinn ath-nuadhachail far a' chosta, a' fàgail gum bi an Rìoghachd Aonaichte ann an suidheachadh co-ionnan ri àiteachan thall thairis. Chaidh Dales Voe a shònrachadh mar an làrach as freagarraich san Rìoghachd Aonaichte airson goireas di-choimiseanadh uisge domhainn air sgàth is cho fasgach sa tha e, le claisean nàdarra uisge domhainn agus cho dlùth sa tha e, an dà chuid ri bun-structar ghnàthaichte ola is gas agus ri na làraich a dheidheadh a chleachdadh san àm ri teachd le roinn lùth gaoithe far a' chosta agus gualan ìosal. **Tha Pròiseact Port Uisge Fìor Dhomhainn Dales Voe** ag amas air goireas ùr a stèidheachadh le doimhneachd de 24 meatair aig a' char as lugha.

22. Gheibh Pròiseact Port Uisge Fìor Dhomhainn Dales Voe taic le in-thasgadh suas gu £9 millean bho Riaghaltas na h-Alba.

A' Cur Taic ri Fàs agus Gnìomhachasan san Àm ri Teachd

23. 'S e rùn nan eilean àrainneachd co-obrachail a stèidheachadh a chumas taic ri obair cruthachail, ùr-ghnàthach, fàs agus leasachadh èifeachdas anns na prìomh roinnean gnìomhachais anns na h-eileanan agus brath a ghabhail air so-mhaoin sònraichte nan eilean gu gnìomhachasan ùr, seasmhach a stèidheachadh airson an àm ri teachd.

24. Ann a bhith a' cur taic ris an rùn seo bidh Cùmhnant Fàs nan Eilean a' togail air bun-stèidh làidir agus a' libhrigeadh prògram in-thasgaidh thairis air sia pròiseactan air an dealbh gu bhith a meudachadh fàs agus ùr-ghnàthas. Gheibh na pròiseactan sin taic tro in-thasgadh suas ri £15.5 millean bho Riaghaltas na h-Alba agus suas ri £13.5 millean bho Riaghaltas an Rìoghachd Aonaichte, agus £39 millean eile bho na com-pàirtichean iomchaidh.

25. Tha pròiseact **Soirbheas Eileanan Cruthachail** ag amas air stèidheachadh lìon-rà ùr eileanan airson obair chruthachail agus ùr-ghnàthas soirbheis. Obraichidh a pròiseact seo thar na trì buidhnean eileanach, a' neartachadh cliù nan eilean mar shàr ionadan cruthachail agus a' meudachadh buaidh eaconamach agus shòisealta na roinne. Thèid in-thasgadh bhon Cùmhnant a chleachdadh gu bun-structair a leasachadh ann an Arcaibh, Sealltainn agus Innse Gall gu àite a

thoirt to luchd-cruthachail anns na h-eileanan. Bidh in-thasgadh a cur fòcas air rannsachadh air na ceangalan eadar obair chruthachail agus soirbheas, a cur taic ri leasachadh obair chultarail is chruthachail, agus co-obrachadh eadar-nàiseanta le iomlaid air sgilean is eòlas.

26. Tha Prògram Soirbheas Eileanan Cruthachail cuideachd a riochdachadh com-pàirteachas eadar an roinn cruthachail nan eilean agus NHS Arcaibh, NHS Sealltainn agus NHS nan Eilean Siar le tagradh airson “Ionad nan Eilean airson Obair Chruthachail le Seann Daoine” a’ tabhann eisimpleir airson rannsachadh, deuchainn agus buileachadh slighean ùra gu dòighean fallainn air fàs nas sine a bhios freagarrach air feadh Alba agus an Rìoghachd Aonaichte.
27. Gheibh pròiseact Soirbheas Eileanan Cruthachail taic suas ri £6.1 millean bho Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas an Rìoghachd Aonaichte (RnA £3.5 million/RRA £2.6 million).
28. Ro COVID-19, bha gnìomhachas turasachd nan eilean beòthail agus a’ fas, a’ tarraing còrr air 5% de dh’oidhcheannan leapa iomlan ann an turasachd na h-Alba agus gu cunbhalach a’ tighinn am bàrr ann an cunntasan-bheachd agus duaisean eadar-nàiseanta. Tha suidheachadh àlainn nàdarra agus dualchas chultarach nan eilean nam pàirt cudromach den tarraing sin a’ gabhail a-steach dhà de shia Làraich Dualchas Cruinne UNESCO an Alba (Hiort agus Cridhe Arcaibh Neolithic) agus an aon Làraich dùbailte Dualchas Cruinne UNESCO anns an Rìoghachd Aonaichte (Hiort).
29. Tha turasachd anns na h-Eileanan an Iar a’ toirt timcheall air 10% a-steach don eaconamaidh ionadail agus a’ cumail suas iomadh gnothachas agus coimhearsnachd air an tuath tro na h-eileanan. Tha teachd-a-steach bhon roinn air fàs bho £53 millean ann an 2014 gu £65 millean ann an 2017 agus a’ coimhead coltach ri ruighinn £74 millean ann an 2020 mus tàinig COVID-19. Ann a bhith a’ toirt fàs air luach turasachd dhan eaconamaidh bidh e deatamach leantainn le in-thasgadh ann am bun-structar turasachd nan eilean, a’ toirt blas is eòlas brìghmhor.
30. Bidh pròiseact **Leasachadh Cinn-uidhe Innse Gall** a coimhead ri grunnan phròiseactan a’ togail neartan eadar-dhealaichte dh’àrainneachd àlainn agus dualchas chultarail Innse Gall. Mar eisimpleir a’ cur fòcas air prìomh nithean ann an dualchas nan eilean leithid Hiort, Tursachan Chalanais a tha ainmeil air feadh an t-saoghail agus tachartasan stèidhichte air eachraidh nan eileanaich.
31. Tha na pròiseactan air an taghadh gu bhith sgapte, a’ toirt cothroman cosnaidh ann an coimhearsnachdan iomallach agus a’ dearbhadh gu bheil buannachdan in-thasgadh ann an Leasachadh Cinn-Uidhe Innse Gall air an sgaoileadh air feadh nan eilean.
32. Gheibh pròiseact Leasachadh Cinn-Uidhe Innse Gall taic le in-thasgadh de suas ri £8 millean bho Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas an Rìoghachd Aonaichte (RnA £4 millean/RRA £4 millean).

33. Tha eaconamaidh turasachd Arcaibh stèidhichte air eachdraidh agus cruth-thìre iongantach anns na h-eileanan. Tha Làrach Dualchas Cruinne Cridhe Neolithic Arcaibh, cruinneachadh iongantach agus sònraichte cudromach de charraighean agus tuineachaidhean aosmhor, nam measg tuineachadh chliùiteach Skara Brae agus Cearcall Brodgar, Tursachan Stenness and Barpa Maeshowe. Thatar a gabhail nis nach eil na tha ri fhaighinn le luchd-turais an-dràsta a' toirt cùisean beò dhaibh agus a' tighinn goirid air na dh'fhaodadh na làraich a chur ri turasachd an Arcaibh. Stèidhichidh pròiseact **Slighe Dualchas Cruinne Arcaibh** tagradh turasachd seasmhach a' toirt bun-atharrachaidh air na bhios ri fhaighinn do luchd-turais:
- A' stèidheachadh rianachd agus eòlas ùr aig sàs àrd inbhe airson Cearcall Brodgar, Tursachan Stenness agus Barpa Maeshowe le fòcas air rianachd gluasad dhaoine agus carbadan, rannsachadh àite agus fiosrachadh das doimhne air na carraighean, an cruth-thìre agus am beul-aithris iongantach;
 - A' libhrigeadh fiosrachadh digiteach tron sgìre agus a' rianachd iarrtasan gu luchd-turais a sgaoileadh air feadh buidhnean nan eilean gu cothroman eaconamach a leudachadh agus rian a chumail aig na h-amannan as trainghe. Bheir seo piseach air eòlas luchd-turais agus nas cudromaiche, bidh dìon is piseach do dh'inbhe beatha eileanaich agus an dualchas nàdarra is chultarail frionasach nan eilean;
 - Ag ùrachadh na goireasan aig Skara Brae a cothromachadh ri Cearcall Brodgar, Tursachan Stenness agus Barpa Maeshowe.
34. Gheibh pròiseact Slighe Dualchas Cruinne Arcaibh taic le in-thasgadh suas gu £6.5 millean bho Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas an Rìoghachd Aonaichte (RnA £5.5 millean/RRA £1 millean).
35. Tha na h-eileanan air an aithneachadh mar bhunait airson bathar bidhe aig sàr àrd inbhe agus tha Cùmhnant nan Eilean a' sireadh taic a chumail ris an roinn agus leudachadh a thoirt air a' bhathar an dà chuid do mhargaidhean ionadail, an Rìoghachd Aonaichte agus margaidhean eadar-nàiseanta.
36. Tha fòcas pròiseact **Tuathanas Inghearach Coimhearsnachd Arcaibh** air ur-ghnàthas àiteachais, a' stèidheachadh tuath inghearach le obair-lannan rannsachaidh agus leasachaidh agus goireasan fàs gnothachas stèidhichte aig Institiud Eaconamas-àiteachas aig Oilthigh na Gàidhealtachd `s nan Eilean ann an Arcaibh. Tha am pròiseact a' tarraing air eòlas teicniseach aig àrd inbhe bho Intelligent Growth Solutions agus Institiud James Hutton, a' toirt buaidh air a' mhaoin a fhuairidh bho Cùmhnant Bàiltean Tatha agus, ann a bhith a' dèanamh sin, a' sireadh dearbhaidh air buadh iomadachaidh airson in-thasgadh anns an dà chùmhnannt.
37. Gheibh Tuathanas Inghearach Coimhearsnachd Arcaibh taic in-thasgaidh suas gu £1.5 millean bho Riaghaltas an Rìoghachd Aonaichte agus suas gu £0.5 millean bho Riaghaltas na h-Alba.
38. Chaidh pròiseact **Shell-volution** a dhealbh mar dhòigh ùr-ghnàthach air leudachadh a thoirt air roinn a tuathanas feusgain seasmhach le gualan ìosal ann an Sealltainn agus air feadh Alba. Tro phrògram de rannsachadh agus leasachadh, le fòcas air dòigh nas feàrr air àiteachas ann an àrainneachd mara, gheibh gnothachasan beaga san roinn cothrom air fàs ann an toradh de 18,000 tunna ro

2037. Thigeadh àrdachadh ann an toradh agus seasmhachd na làraich ghnàthaichte, agus dheidheadh làraich ùr an leasachadh. Tha dùil cuideachd gun tigeadh dùblachadh air obair taic co-cheangailte ris an roinn. Thathas den bharail gu bheil comas aig na margaidhean gabhail a-steach an àrdachadh toraidh; agus gheibh luchd-giollachd fheusgain an Alba buannachd bho fhàs seasmhach ann an toradh àiteachais.

39. Gheibh pròiseact Shell-volution taic le in-thasgadh suas gu £4.4 millean bho Riaghaltas an Rìoghachd Aonaichte.

40. Tha cliù aig na h-Eileanan an Iar airson toradh aig àrd inbhe bho na prìomh ghnìomhachasan ach tha toradh agus obair bho iasgach is tuathanas air lughdachadh gu mòr anns na deicheadan mu dheireadh. Ann a bhith a' toirt fa-near na dùbhlín, tha com-pàirtichean bho roinnean gnìomhachais, coimhearsnachd is poblach air co-obrachadh gu prìomhachasan a shònrachadh dhan roinn co-cheangailte ri iomadachadh toradh, meudachadh luach agus barrachd fòcas air fàs ionadail agus margaidhean ionadail, a' toirt taic do na gnìomhachasan sin a bhith tighinn beò ann an saoghal an dèidh-Brexit/ COVID-19, agus a bhith a' freagairt buaidh anns an ùine fhada air atharrachadh sa ghnàth-thìde.

41. Bidh **Prògram Biadh is Deoch Innse Gall** a' cumail taic ri in-thasgadh calpa sònraichte air an aontachadh mar phrìomhachas le uachdarain coimhearsnachd, agus riochdairean tuathanas uisge agus iasgach:

- Ionad le Biadh Ionadail aig Gròigearraidh;
- Aonad Deighe, goireasan fuarachaidh agus leasachaidhean eile aig a' chidhe gu piseach a thoirt air solar ionadail;
- Ionad Bidhe Choimhearsnachd/ pròiseactan fàs bidhe.

42. Gheibh Prògram Biadh is Deoch Innse Gall taic e in-thagadh suas ri £1.5 millean bho Riaghaltas na h-Alba.

43. Tha Alba dealasach gu bhith glè mhòr an sàs anns a' mhargaidh airson saidealan beaga, a thathas a tuairmse gum bi luach £25 billean thairis air na 20 bliadhna a tha romhainn. Tha làraich iomallach Innse Gall agus Sealltainn a' toirt dhaibh raointean-losgaidh air leth sònraichte airson cuairtean sioncronach a-rèir na grèine agus pòlarach ìosal timcheall na cruinne, mar a th'aig Sgolpaig, Uibhist a Tuath, agus Unst ann an Sealltainn a bhiodh a dearbhadh gum biodh Alba ann an suidheachadh air leth gu brath a gabhail air mòr-earrann den mhargaidh ùr luachmhor seo.

44. Tha pròiseact Spaceport 1 Innse Gall fo stiùir co-bhanntachd roinn poblach/prìobhaideach a tha sireadh cothrom so-ruigsinneach, earbsach agus sàbhailte gu cuairtean sioncronach a-rèir na grèine agus pòlarach ìosal timcheall na cruinne tro sheirbheisean losgaidh inghearach suidhichte aig Sgolpaig, Uibhist a Tuath. A' gabhail cothruim air sàr shuidheachadh àite, agus an eòlas, comasan agus bun-structar aig Raon Innse Gall a tha ri làimh, bhiodh Spaceport 1 a freagairt air an eag-shiostam gnàthaichte agus a cur taic ri rùintean Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas an Rìoghachd Aonaichte a bhith aig toiseach chùisean ann am margaidh malairteach na cruinne a thaobh cuairtean-fànais. Thatar an dùil gum bi in-thasgadh Cùmhnant Fàs nan Eilean a cur taic ri gnìomhan fo-chuairtean. Bidh

am pròiseact seo còmhla ri pròiseact Àrainn Ùr-ghnàthas Fànas Shealltainn ann an Cùmhnant Fàs nan Eilean a toirt taic don cho-rùn mar dhùthaich a bhith aig toiseach chùisean fànais tro ullachadh co-fhreagrach ann an dàimh ri pròiseactan raointean-losgaidh còmhla ri bhith a' cumail taic ri eag-shiostaman fànais ann agus timcheall air na raointean-losgaidh a' toirt buannachd do na coimhearsnachdan ionadail agus roinnean nan eilean tro obraichean fìor sgileil agus na cothroman eaconamach agus sòisealta a tha na chois.

45. Gheibh Àrainn Ùr-ghnàthas Fànas Shealltainn taic le in-thasgadh suas gu £1 millean bho Riaghaltas na h-Alba.

46. Bidh pròiseact **Àrainn Ùr-ghnàthas Fànas Shealltainn** a togail air na tairgsean iongantach fànais air feadh Shealltainn tro Ionad Fànas Shealltainn a' toirt aoidheachd do Raon-losgaidh Pathfinder aig Buidheann Fànais an Rìoghachd Aonaichte le Lockheed Martin ann an loidhne le co-rùintean Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas an Rìoghachd Aonaichte. Thèid am pròiseact a stèidheachadh aig Raon-adhair Ordale, ann an Unst far am bi àrainn deiseil airson leasachadh malairteach do chompanaidhean dùthchail is eadar-nàiseanta gu obair itealaich a ghabhail os làimh cuide ri bhith a' cumail taic ri ullachadh rannsachadh acadaimigeach aig sàr àrd ìre, ùr-ghnàthas agus gnìomhan STEM a bhios taiceil do eag-shiostam fànais air an eilean. Tha am pròiseact seo a cur gu mòr ri tagradh fànais iomlan do Shealltainn a' toirt bun-stèidh airson cothroman in-thasgaidh mar phàirt de Ro-innleachd Leasachaidh Eaconomaigeach Comhairle Eileanan Shealltainn. Bidh am pròiseact seo còmhla ri pròiseact Spaceport 1 ann an Cùmhnant Fàs nan Eilean a toirt taic don cho-rùn mar dhùthaich a bhith aig toiseach chùisean fànais tro ullachadh co-fhreagrach ann an dàimh ri pròiseactan raointean-losgaidh còmhla ri bhith a' cumail taic ri eag-shiostaman fànais ann agus timcheall air na raointean-losgaidh a' toirt buannachd do na coimhearsnachdan ionadail agus roinnean nan eilean tro obraichean fìor sgileil agus na cothroman eaconamach agus sòisealta a tha na chois.

47. Gheibh Spaceport 1 taic le in-thasgadh suas gu £1 millean bho Riaghaltas na h-Alba.

Coimhearsnachdan Beòthail Seasmhach

48. 'S e run nan eilean a bhith aithnichte airson sàr inbhe beatha do ar coimhearsnachdan, le àiteachan tarraingeach so-ruigsinneach do dhaoin' òga is teaghlachan a bhith tighinn beò agus a' ruighinn an làn chomais, ann am fallaineachd agus sonas gu ruige seann aois. Mar thoradh air an seo tha gluasad deimhinnte a chum àireamh-sluaigh a chumail seasmhach.

49. Gu taic a chumail ris an rùn seo ni Cùmhnant Fàs nan Eilean in-thasgadh ann am pròiseactan a neartaicheas goireasan acadaimigeach agus rannsachaidh anns na trì buidhnean eileanach, a cumail taic ri leasachadh sgilean agus tionnsgainneachd agus a' lìbhrigeadh prìomh phròiseact sònrachaidh ann an Lerwick, Sealltainn. Tha na còig pròiseactan a' faighinn taic le in-thasgadh suas gu £17 millean bho Riaghaltas na h-Alba agus suas ri £9.5 millean bho Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte, agus suas ri £47 millean a bharrachd bho bhuidhnean com-pàirteachaidh iomchaidh.

- 50.** Bidh fòcas **Prògram Eileanan TalEntEd** air di-ghualanachadh nan eilean a bhith nas sgiobalta le bhith a' stèidheachadh chothroman airson foghlam, sgilean, tionnsganachd agus obair malairteach, a' cumail taic ri meudachadh ann an obraichean "uaine" thar na trì buidhnean eileanach. Brosnaichidh in-thasgadh ionmhais tro Chùmhnant Fàs nan Eilean obair a tharraingeads tuilleadh in-thasgadh a bhios a' ceangal ri stòrasan san àm ri teachd. Nas cudromaiche, daingnichidh e com-pàirteachas eadar na h-eileanan.
- 51.** Cuidichidh Prògram Eileanan TalEntEd oilthighean is com-pàirtichean acadaimigeach air na h-eileanan ri slighean ùr a leasachadh a bhios a' ceangal ri ullachadh san ùine fhada agus a' freagairt feumalachd, aig an aon àm a' tarraing dhaoine gu thighinn agus fuireach anns na h-eileanan, a' coinneachadh ri na dùbhlain a thaobh àireamh sluaigh agus daoine òga a' fàgail, agus mar sin a' cur ri seasmhachd san ùine fhada.
- 52.** Fo stiùir Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean, ag obair còmhla ri a com-pàirtichean acadaimigeach agus oilthighean eile (Oilthigh Robert Gordon University and Oilthigh Heriot-Watt), tha Prògram Eileanan TalEntEd a' ceangal a-steach ri Fòram Eileanan agus Ro-innleachd UHI. Ag obair gu dlùth le Ionad nan Eilean airson Neo-ni Eimisean, agus pròiseactan còmhla is fa leth tro Chùmhnant Fàs nan Eilean, togaidh e an sruth sgilean agus tàlant an a dh'fheumar, ag obair le buidhnean nàiseanta is roinneil, le aire sònraichte air neo-ionannachd mar thoradh air COVID-19.
- 53.** Gheibh Prògram TalEntEd taic le in-thasgadh suas gu £5.9 millean bho Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas an Rìoghachd Aonaichte (SG £4.4 million/UKG £1.5 million).
- 54.** Tha na h-eileanan ag aithneachadh cho fìor cudromach sa tha tachartasan acadaimigeach agus rannsachadh ionadail a chum beothalachd agus seasmhachd eaconamaidhean agus thathas ag amas air an seo a neartachadh tro ghrunna in-thasgaidhean cùmhnant.
- 55.** Cuiridh pròiseact **Àrainn Rannsachadh is Ùr-ghnàthas Arcaibh 2 (ORIC 2)** ri soirbheachas Chùmhnant Fàs nan Eilean le bhith a' stèidheachadh togalach far am bi prìomh iomairtean dhan cumail co-cheangailte ri cuspair 'Stiùireadh an t-slighe gu ghualan ìosal' agus a' toirt àite riatanach airson fàs is leudachadh leantainneach air Àrainn ghnàthaichte Rannsachadh is Ùr-ghnathas Arcaibh (ORIC) mar bhun-stèidh airson co-obrachadh acadaimigeach.
- 56.** Gheibh pròiseact ORIC2 taic le in-thasgadh suas ri £8 millean bho Riaghaltas an Rìoghachd Aonaichte.
- 57.** Tha pròiseact **Ath-leasachadh Àrainn Shealltainn** a' dol a thoirt barrachd chothroman ionnsachaidh do dhaoine ann an Sealltainn, còmhla ri na buidhnean eileanach agus sgìre Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean a' choinnicheas ri feumalachdan trèanaidh agus leasachadh sgilean de ghnòthachasan gnàthaichte agus na thig am bàrr (leithid obair ath-nuadhachail, di-choimiseanachadh agus obair saideil). Cuiridh seo ri leasachadh eaconamach agus fàs in-ghabhail anns na h-eileanan, a' tarraing agus a' cumail dhaoine òg anns na sgìrean cuide ri tarraing luchd-ionnsachaidh ùr, agus a' cumail taic ri eaconamaidh eimisean neo-ghualan.

58. Gheibh pròiseact Ath-leasachadh Àrainn Shealltainn taic le in-thasgadh suas ri £2 millean bho Riaghaltas na h-Alba.

59. Similarly, bheir pròiseact **Ath-leasachadh Àrainn Innse Gall** cruth atharrachaidh air curaicealam Foghlam Adhartach agus an trèanadh a bhios ri fhaighinn anns na h-Eileanan an Iar. Tron in-thasgadh thig leasachadh agus leudachadh air na goireasan gnàthaichte agus teicneòlas ionnsachaidh aig àrainnean Colaist a' Chaisteil air feadh nan Eilean Siar (mar phàirt de dh'Oilthigh na Gàidhealtachd `s nan Eilean). Bidh seo a cur ri tairgse ionnsachaidh bheòthail agus àrainneachd le fòcas air slugh òg a tharraing agus a chumail anns na h-eileanan, a' tarraing luchd-ionnsachaidh gu na h-eileanan, a' leudachadh chothroman air an ullachadh foghlaim, agus a' cosnadh feachd-obrach sgileil airson gnothachasan gnàthaichte s a' leudachadh, ùr-ghnàthas agus ionadan rannsachaidh.

60. Gheibh pròiseact Ath-leasachadh Àrainn Innse Gall taic le in-thasgadh suas gu £1.5 millean bho Riaghaltas na h-Alba.

61. Tha pròiseact **Ath-leasachadh Knab** Shealltainn ag amas air a dhol nas fhaide na stèidheachadh pròiseact simplidh thaigheadais le seirbheisean co-cheangailte, le bhith a' libhrigeadh làrach feum-measgaichte a tha a daingneachadh tighinn beò agus a' ruighinn aois ann an sonas, ùr-ghnàthas cruthachail, soirbheas agus cleachdadh beòthail air àite poblach ri taobh taigheadas freagarrach don àm ri teachd agus sealladh sùbailte air obair agus beatha. Cuiridh an leasachadh ri na tha ri fhaotainn cheana ann an Lerwick le goireasan a bharrachd a chumas taic ri rùn Shealltainn airson an àm ri teachd. Chan e a-mhàin gun cuir an leasachadh ri beatha luchd-còmhnaidh air an làrach, ach cuideachd ri feadhainn a bhios a tadhal air an àite. Stèidhichidh e inbhe adhartach air mar a thig leasachadh air Sealltainn agus a choimhearsnachdan thairis air na deicheadan ri thighinn; a' dèanamh cinnteach gu bheil 'Slugh' agus 'Àite' aig toiseach chùisean airson gach nì a tha Sealltainn a' togail airson an àm ri teachd.

62. Gheibh pròiseact Ath-leasachadh Knab taic le in-thasgadh suas gu £9.1 millean bho Riaghaltas na h-Alba.

RIAGHLACHAS AGUS BARRANTAS

63. Tha ceannardas agus riaghlachas làidir èifeachdach deatamach an dà chuid a thaobh buileachadh soirbheachail agus barrantas do riaghaltasan, ùghdarrasan ionadail agus com-pàirtichean eile. Obraichidh na tri comhairlean eileanach leis an dà Riaghaltas agus a h-uile com-pàirtiche eile anns na pròiseactan gu dèanamh cinnteach gun tèid an cùmhnant a libhrigeadh agus gabhail ri slighe riaghlachas a libhrigeas fàs in-ghabhail eacanomaigeach le bun-atharrachaidh.

64. Taisbeanaidh com-pàirtichean ionadail a' chùis airson luach airgid gach pròiseact is prògram mus tèid maoin a thoirt seachad. Mar sin, tha gach tagradh san sgrìobhainn seo an urra ri aonta air na làn chùisean gnothachais leis an Riaghaltas

iomchaidh, no bho gach Riaghaltas far a bheil pròiseactan air an co-mhaoineachadh.

- 65.** Bidh com-pàirtichean ionadail ag obair leis an dà Riaghaltas gu sgrìobhainn Cùmhnant Deireannach ullachadh, plana buileachaidh mionaideach, plana riaghlachas, plana ionmhais a tha a' gabhail cunntas air so-ruigsinneachd thairis beatha 10-bliadhna a' chùmhnant, còmhla ri frèaman-obrach sgrùdaidh agus measaidh agus na cùisean gnothachas co-cheangailte airson gach pròiseact agus/no prògram a gheibh maoineachadh.
- 66.** Bidh com-pàirtichean ionadail ag obair leis an dà Riaghaltas gu ruige aonta air ro-innleachd conaltraidh agus modhan obrach. Bidh gach pàipear a mìneachadh mar a thèid conaltradh air Cùmhnant Fàs nan Eilean agus na gnìomhan co-cheangailte a thoirt air adhart, ann an dòigh a tha a coinneachadh feumalachdan na com-pàirtichean roinneil agus Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas an Rìoghachd Aonaichte.

ENDS